Anns a' Chathair Theth | A' leasachadh sgilean dràma agus caractaran

Stiùireadh

1. **Lorg caraid** airson paidhir a dhèanamh còmhla. Tagh cò bhios mar Caraid 1 agus cò bhios mar Caraid 2.

2. Bidh Caraid 1 mar oifigear-poilis a' rannsachadh mèirle na cloiche. **Feumaidh Caraid 2 caractar a thaghadh bhon sgeulachd a chluicheas iad** m.e. Ian Hamilton, Cè NicMhathain, Gavin Vernon, Alan Stuart, am fear-poilis aig Westminster no fiù 's Clach Sgàin fhèin! Bidh Caraid 2 anns a' chathair theth.

3. Cleachd na cairtean gu h-ìosal gus taic a thoirt dhuibh. **Cuiridh Caraid 1 ceistean air Caraid 2** coltach ri oifigear-poilis. Feumaidh Caraid 2 na ceistean a fhreagairt, a' leigeil orra gur iad an caractar a thagh iad bhon sgeulachd m.e. a' freagairt nan ceistean mar gur iad Cè NicMhathain.

4. **Freagair na ceistean** cho math 's as urrainn dhut. Cleachd fiosrachadh a dh'ionnsaich thu tron dealbh-chluich agus smaoinich air mar a bhiodh an caractar seo 's dòcha a' faireachdainn mu chuid de na ceistean a th' air an cur romhpa.

5. Às dèidh dhaibh na ceistean air fad a fhreagairt, **dèan iomlaid**. A-nis, bidh Caraid 2 mar oifigear-poilis agus gheibh Caraid 1 cothrom caractar a chluich bhon sgeulachd agus na ceistean a fhreagairt.

Cè NicMhathain

- Rugadh i 1928 ann an Inbhir Àsdail, faisg air Geàrrloch, air a' Ghàidhealtachd.
- Bha i na h-oileanach aig Oilthigh Ghlaschu a' trèanadh mar thidsear, 1950.
- Bha i an sàs ann a bhith a' toirt na cloiche bho Abaid Westminster agus ga tilleadh a dh'Alba cuide ri Ian Hamilton, Gavin Vernon agus Alan Stiùbhart.
- Dhraibh Cè aon de na càraichean a chleachd iad air an oidhche agus b' i a chùm sùil a-mach airson a' phoilis. Dh'fhàg i a' chlach le caraid ann an Sasainn airson greiseag mus tug i air ais a dh'Alba i.
- Chaidh a ceasnachadh fad còig uairean a thìde mun iomairt.
- Ghluais i dhachaigh a Shiorrachd Rois far an robh i na tidsear bun-sgoile.
- Chaochail i ann an 2013 anns an Allt Bheithe.

Ian Hamilton

- Rugadh Ian Hamilton ann an 1925 ann am Pàislig.
- Bha e na oileanach aig Oilthigh Ghlaschu ann an 1950 a' leughadh lagh.
- B' e beachd Ian a bh' ann a' chlach a thoirt à Lunnainn air oidhche na Nollaig 1950. Rinn e rannsachadh anns an leabharlann mu mheud na cloiche agus chaidh e a Lunnainn as t-fhoghar 1950 gus plana a chur air dòigh ron Nollaig.
- Bhris a' chlach ann an dà leth fhad 's a bha e fhèin, Gavin Vernon agus Alan Stiùbhart ga tarraing às an Abaid.
- Bha e iomadh bliadhna na neach-lagha ann an Alba.
- Sheas e dà thuras mar thagraiche-pàrlamaid do Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba ach cha d' fhuair e riamh a-staigh.
- Chaochail e ann an 2022 aig aois 97 anns a' Choingheal faisg air an Òban.

Gavin Vernon

- Rugadh e ann an Siorrachd Obar Dheathain ann an 1926.
- Bha e a' leughadh innleadaireachd-dealain aig Oilthigh Ghlaschu ann an 1950.
- Theich e còmhla ri Ailean Stiùbhart às dèidh do Chè agus lan draibheadh air falbh bhon phoileasman an toiseach, an dùil gun robh iad air am fàgail.
- Ann an 1963, dh'imrich e a Chanada còmhla ri a theaghlach.
- Chaochail e ann an 2004.

Ailean Stiùbhart

- Rugadh e ann am Baile Nighean Sheadna, Glaschu ann an 1930.
- B' e Ailean an t-oileanach as òige a bha an sàs anns an iomairt gus a' chlach a thilleadh a dh'Alba. Bha e a' leughadh innleadaireachd-thogalach aig Oilthigh Ghlaschu aig an àm.
- Fhuair e iasad de chàr a mhàthar airson oidhche na Nollaig 1950.
- Theich e còmhla ri Gavin Vernon às dèidh do Chè agus lan draibheadh air falbh.
- Bha e na neach-gnìomhachais aithnichte gus an do chaochail e ann an 2019.

Clach Sgàin

- Tha iomadh ainm aig a' chloich: Clach Sgàin, Lia Fàil no Clach na Cinneamhain.
- Tha i 66 cm × 42 cm × 27 cm am meud agus tha cuideam 152 kg innte.
- Tha i air a dèanamh le clach-ghainmhich. Tha crois air a sgròbadh innte air aon taobh agus bidh dà chearcall iarainn a' toirt taic le bhith ga giùlan.
- Ghoid Rìgh Eideard I a' chlach à Alba ann an 1296 agus thug e a Shasainn i.
- Bha rìghrean agus ban-rìghrean air an crùnadh oirre fad linntean às dèidh seo.
- Chaidh a tilleadh a dh'Alba le ceathrar oileanaich aig Oilthigh Ghlaschu ann an 1950 ach chaidh a toirt air ais a Shasainn goirid às dèidh seo.
- Chaidh a tilleadh a dh'Alba dha-rìribh ann an 1996 agus bha i air a cumail ann an Caisteal Dhùn Èideann fad bhliadhnaichean.
- Bhon Mhàrt 2024 tha i air a bhith air a taisbeanadh ann an Taigh-tasgaidh Pheairt.

Cò thu agus cò às a tha thu?

Ciamar a choinnich thu ris na h-oileanaich a ghoid a' chlach?

Dè an obair a th' agad?

Càite an robh thu air an oidhche ron Nollaig 1950?

Dè do bheachd air an riaghaltas ann an Lunnainn?

An robh e ceart a' chlach a thoirt air ais a dh'Alba?

Dè an ceangal a tha agad ri Clach Sgàin?

Dè thachair dhut às dèidh don chlach a bhith air a goid?